

NA DUILLEAGAN GÀIDHLIG

AIR AN CUR A-MACH AN LÙIB | LIFE AND WORK

2019 | 02 | AN GEARRAN

Facal Toisich

Bliadhna mhath ùr (no *Bliadhn' ùr mhath*, mas fheàrr leibh!) dhuibh uile! Tha sinn aig toiseach bliadhna ùir a-rithist, agus a' coimhead air adhart ris na rudan ùra, na làithean ùra, na naidheachdan ùra a tha romhainn a-nis agus nach robh a-riamh ann air an talamh. Eadar cùisean mòra an t-saoghail agus cùisean pearsanta nar beathannan fhìn, tha fhios againn gu bheil atharraichean agus amannan mì-chinnteach romhainn ann an iomadh dòigh. Tha aon rud ann a tha cinnteach, agus 's e sin gu bheil Dia againn a tha a cheart cho earbsach an-diugh, agus bidh e a cheart cho earbsach a-màireach, 's a bha e an-dè. Bidh e na sholas dhuinne anns na làithean a tha ri teachd, mar a bha e anns na làithean a dh'fhalbh, oir is esan ar n-Athair *na soillse, maille ris nach eil atharrachadh, no sgàil tionndaidh*, mar a sgrìobh an t-Abstol Seumas.

*Tha 'n Tighearna ro-ghràsmhor caoin,
is làn de thruacantachd;
a ta e mall chum feirg', is fòs
pailt ann an tròcaireachd. (Salm 145:8)*

Tha an saoghal ag atharrachadh cho luath, agus tha slighe na bliadhna doilleir nar sùilean-ne, ach le lòchran Facal Dhè a' lasadh ar ceuma, 's urrainn dhuinn coiseachd tron bhliadhna gu dàna agus gu misneachdail.

Aon rud a thaobh na Gàidhlig. Is dòcha gum biodh e beagan anmoch sa bhliadhna airson amasan na Bliadhn' Ùire aig an àm a bhios sibh a' leughadh seo, ach chunnaic sinn alt goirid ann an Dàna mu dhèidhinn iomairt ùir "An Còmhradh". Tha "An Còmhradh" a tha a' feuchainn ri daoine a bhrosnachadh gus an cuid Ghàidhlig a chleachdadh na bu trice. Thoirbh sùil air: <http://danamag.org/ancomhradh/>

Le beannachd,

**Liam Alastair Crouse, Uibhist a Deas
Donnchadh Sneddon, Obar Dheathain**



© Liam Crouse, air a chleachdadh fo chead CC

Seo Teampall na Trianaid ann an Càirinis ann an Uibhist a Tuath. A rèir Leabhar Dearg Chlann Raghnaill, chaidh a thogail le Beathag nighean Somhairle Mhòir mu bheul an 12ra linn, a bha cuideachd os cionn Manachainn Eilean Ìdhe. Chaidh a leudachadh le Oighrig nic Ruairidh mun 14mh linn.

Bha an t-àite seo na àite adhradh agus na cholaiste foghlaim sònraichte. Seadh, bha Teampall na Trianaid am measg nan làraichean cràbhach agus foghlaim a bu chudromaiche ann an Innse Gall anns na meadhan-aoisean. Smaoinich, nan robh e air leantail air, bhiodh e am measg oilthighean àrsaidh eile na rìoghachd-sa leithid Oxford agus Cambridge! Bhiodh oileanaich a' tighinn às gach ceàrnaidh, agus bhiodh iad a' faighinn ionnsachadh bho Chlann a' Phiocair, a bha nan sgoilearan mòra air an làrach.

Chrion an teampall nuair a thàinig an t-Ath-leasachadh san t-16mh linn. Ann an 2011, chaidh ùrachadh a dhèanamh air an làrach le Comann Glèidhteachais Teampall na Trianaid a rinn iomairt mhòr airson maoineachadh a lorg. Tha an Teampall nas seasmhaiche an-diugh agus na dheagh eisimpleir air glèidhteachas seann eaglaisean na Gàidhealtachd.

Searmon Beag

Dorsan a' Bhìobail, pàirt ceithir

A' tighinn gu crìch, tha aon doras eile fhathast ann, agus 's e sin an doras agaibh fhèin, doras ur cridhe fhèin. Nach leughamaid a-rithist na faclan prìseil, bòidheach, beannaichte a leugh sinn ann an Leabhar an Taisbeanaidh 3: 20, far a bheil e sgrìobhte: *Feuch, tha mi am sheasamh aig an doras, agus a' bualadh: ma dh'èisteach neach sam bith rim ghuth, agus gum fosgail e an doras, thig mi a-steach da ionnsaigh, agus gabhaidh mi mo shuipear maille ris, agus esan maille riumsa. Don tì a bhuadhaicheas bheir mi comas suidhe maille riumsa air mo rìgh-chathair, amhail fòs a bhuadhaich mise, agus a shuidh mi maille rim Athair air a rìgh-chathair-san. An tì aig a bheil cluas, èisteach e ciod a tha an Spiorad ag ràdh ris na h-eaglaisean.*

A bheil cluasan agaibh? A bheil sibh ag èisteachd ra ghuth? A bheil sibh a' cluinntinn Ìosa Crìosd a' bualadh air doras ur cridhe an-diugh? A' bualadh, a' bualadh le làmhan a chuir na reultan sna nèamhan, agus a dhealbha h-uile nì, le làmhan a bha eabarach, làmhan a bha leòinte cho goirt air a' chrann-cheusaidh air ur son. Ma chuala sibh na làmhan sin a' bualadh air doras ur cridhe, agus ma dh'fhosglas sibh an doras, thig esan a-steach, cuiridh e làmhan mur timcheall ann an caidreabh, glacaidh e ribh gu caomh, agus gu teòma, agus their e, anns a' ghuth a thuirt "Biodh solas ann", agus anns a' ghuth a dh'èigh a-mach air a' chrann-cheusaidh "Mo Dhia, mo Dhia, carson a thrèig thu mi," anns a' ghuth sin their e ribh "Mo mhac, mo nighean, fàilte ort."

Amen.

Cò a bh' ann an... Ebed-melech?

Tha Ebed-melech a' nochdadh ann an leabhar an Fhàidh Jeremiah, 38 agus 39. Chan eil sinn buileach cinnteach dè an t-ainm a bh' air, oir tha "Ebed-melech" a' ciallachadh "Seirbheiseach an Rìgh" ann an Eabhrais, agus leis gur e Etiopach, agus chan e lùdhach a bh' ann, tha e coltach gur e tiotal a bh' ann an sin, seach ainm ceart sa chainnt aige fhèin. A rèir Jeremiah 38: 7, 's e caillteanach a bh' ann – 's e sin gun deach a spoth, agus bha e gu math cumanta anns na làithean ud gum biodh caillteanaich a' faighinn àite urramach ann an cùirtean rìoghail. Agus tha e soilleir gun robh e gu math cudromach ann an cùirt an rìgh Sedeciah - tha sin soilleir gu leòr bhon ainm aige, ach cuideachd bho na tha sinn a' leughadh ann an Jeremiah 38: 7 - 10, gun deach e dhan rìgh nuair a chuala e gun do chuir nàimhdean Jeremiah am fàidh anns an t-sloc, agus gun robh e a' deasbad ris an rìgh agus a' faighinn cead buaithe gus Jeremiah a shaoradh. Ach ged a bha e ann an teismheadhan beatha na cùirte, 's ann air an iomall a bha e ann am beatha cràbhach nan lùdhach. A rèir an Lagh, cha b' urrainn do chailteanaich a dhol "a-steach do cho-chruinneachadh an Tighearna" (Deuteronomi 12: 1). 'S e duine fa leth a bh' ann, mar choigreach agus mar chailteanach.

Ach a dh'aindeoin sin, bha e na dheagh charaid do dh'Jeremiah, agus thug e taic dha nuair a bha e ann an teanntachd. Nuair a bha daoine a' feuchainn ri stad a chur air an fhàidh, a' feuchainn ri stad a chur air teachdaireachd dhoirbh Dhè dhan t-sluagh, 's e an caillteanach coimheach seo, nach robh na lùdhach a rèir an lagha, a sheas airson na bha còir. Oir ged nach robh e na lùdhach a rèir an lagha, bha a rèir a chridhe, oir anns an ath chaibideil, tha sinn a' leughadh: *Imich agus*

labhair ri Ebed-melech an t-Etiopach, ag ràdh, Mar seo tha Tighearna nan sluagh, Dia Israeil ag ràdh, Feuch bheir mise mo bhriathran air a' chathair seo airson uilc, agus chan ann airson maith; agus thig iad gu crìch ann adfhianais-sa anns an là sin. Ach tèrnaidh mi thusa anns an là sin, deir an Tighearna, agus cha toirear thairis thu do làimh na muinntir ro a bheil eagal ort. Oir tèrnaidh mi thu, agus cha tuit thu leis a' chlaidheamh, ach bidh t' anam mar chobhartach agad, a chionn gun do chuir thu do dhòchas annam-sa, deir an Tighearna (39: 16 - 18). Mar sin, air sgàth 's gun do chuir e a dhòchas anns an Tighearna, agus gun do dh'obraich e gus am biodh na h-lùdhaich ag èisteachd ri facal Dhè, fhuair e gealltanais mar a leughas sinn ann an Isaiah 56: 3 - 5: Agus na labhradh mac a' choigrich, a tha a' dlùth-leantainn ris an Tighearna, ag ràdh, Sgar an Tighearna mise gu tur o a shluagh; agus na h-abradh an cailleanach, Feuch, tha mise am chrann tioram. Oir mar seo deir an Tighearna, Do na cailleanaich a choimheadas mo shàbaidean, agus a roghnaicheas an nì a thaitneas rium, agus a nì greim air mo choicheangal; Dhaibh sin bheir mi ann am thaigh, agus an taobh a-staigh dem bhallachan, àite agus ainm nas fheàrr na ainm mhac agus nighean; ainm sìorraidh bheir mi dhaibh, nach geàrrar às. Saoil gun robh cuid ann a bha ga mheasadh mar neach nach robh airidh air geallaidhean Dhè, mar neach aig nach robh pàirt ann an teaghlach agus cùmhnant Dhè - ach bha iad fada, fada ceàrr, oir chunnaic Dia na bha na chridhe, agus mar a dhearbhadh e na bha na chridhe le a ghnìomhan dàna. Air a' cheann thall, 's e seirbheiseach don Rìgh a b' àirde a bh' ann.

Iomadh bliadhna as dèidh linn Ebed-melech agus a charaid Ieremiah, bha cailleanach Etiopach eile a fhuair gealladh an Tighearna, nuair a bhaisteadh an t-Abstol Philip ionmhasair Chandice (Gnìomhairean 8: 26 - 40). Nuair a thill e dhan dùthaich aige fhèin, a' toirt leis soisgeul an Tighearna, bu mhath leam smaoineachadh gun robh fhios aige gun robh e a' leantainn ann an ceumanan Ebed-

melech (oir tha fhios againn gun robh co-dhiù feadhainn de na Sgrìobtairean aige), agus gun robh e a' faireachdainn seòrsa de chleamhnas ris.

Gàidhlig Shìmplidh

Anns an rìoghachd seo, tha an t-earrach a' tòiseachadh air a' mhìos seo. Bidh cuid a dhaoine, leithid Oifis na Sìde, den bheachd gun tòisich an t-earrach mun Fhèill Phàdraig, leathach tron Mhàrt. Ach a rèir eòlas nan Gàidheal, bhiodh an t-earrach a' tòiseachadh na bu thràithe air a' bhliadhna, air Latha Fhèill Brìghde aig toiseach a' Ghearrain. Dh'fhaoidte gu bheil sin nas iomchaidh do ràithean agus sìde na h-Alba.

'S àbhaist don t-sìde a bhith gu math caochlaideach stoirmeil ann an ceann a tuath na dùthcha agus tha ainmean Gàidhlig air na diofar ghaothannan agus stoirmean da rèir. Bidh seanfhaclan cuideachd ag innse dhuinn ciamar a bhitheas an t-sìde mun àm seo den bhliadhna. Mar eisimpleir air ainm no dhà, bidh "sneachd nan uan" air sneachd a thig anns a' Mhàrt agus "sneachd na cuthaige" air sneachd a thig anns a' Chèitean, an dèidh don chuthag tighinn.

Air an ath mhìos, bidh a' Chàisg ann. Bha a' Chàisg a-riamh fìor chudromach do Chrìosdachd. Tha diofar ainmean air na làithean co-cheangailte ris a' Chàisg. B' e Diardaoin na Bangaid no Diardaoin a' Bhrochain Mhòir a chante ris an Diardaoin ro Dhihaoine na Ceusta, nuair a chaidh Crìosd a cheusadh air a' chrann. Tha Didòmhnaich na Càisge ann an dèidh sin, nuair a dh'èirich Crìosd o na mairbh. Tha mirr, air aon de na tìodhlacan a chaidh a thoirt do Chrìosd nuair a rugadh e, na chuimhneachan air bàs Chrìosda.

AM FEAR-DEASACHAIDH

Ma tha sibh airson naidheachdan no beachdan a chur dhan Sgioba Deasachaidh, faodar post-d a chur gu sneddon.duncan@gmail.com.

Naidheachdan

An t-Urr. Màiri Byres

Bha sinn duilich an naidheachd a chluinntinn gun do chaochail an t-Urr. Màiri Byres anns an t-Samhain an-uiridh. B' ann à Gròigearraidh ann an Uibhist a Deas a bha Màiri, agus bha i na ministear ann an Eilean Dhiùra gu ruige 1998. Bha i ri cluinntinn air Radio nan Gàidheal gu math tric, agus tha taghadh bho na prògraman a chlàraich i ri fhaighinn air làrach-lìn Tobar an Dualchais:<http://www.tobarandualchais.co.uk/gd/person/2427>

Rugadh i ann am mansa Stadhlaigearraidh ann an 1932. B' e an t-Urrmach Calum Laing, ministear a' pharaiste, a h-athair agus Màiri Catrìona NicRuairidh a màthair, agus b' e an t-Urrmach Iain MacRuairidh, a bha fichead bliadhna na fhear-deasaiche air Na Duilleagan Gàidhlig seo fhèin, bràthair a màthair.

Ann an 1959 phòs i an t-Urrmach Ailean Byers agus chaidh iad a dh'obair ann an taobh tuath Ghàna, esan na mhiseanaraidh agus ise na bean-glùine. Bha ceathrar chloinne aca.

Greis an dèidh dhaibh tilleadh a dh'Alba, chaidh i gu Oilthigh Obar Dheathain far an d'fhuair i teisteanas a bhith na ministear ann an Eaglais na h-Alba, a' chiad bhoireannach le Gàidhlig a rinn sin.

Ann an 1992 thug Ailean suas an obair aige agus chaidh iad gu Diùra far an robh Màiri na ministear gu 1998. Dh'eug Màiri air an treas latha dhen t-Samhain, 2018.

Tha sinn a' toirt taing do Chalum, a bràthair, airson nam briathran còire.

Bliadhna shònraichte ann an Dùn Èideann

Am bliadhna-sa bidh Eaglais nam Manach Liath a' comharrachadh 250 bliadhna bho thòisich adhradh Gàidhlig ann am prìomh-bhaile na dùthcha. Ged a bha seirbheisean ann roimhe sin dha na saighdearan Gàidhealach aig a' Chaisteal, b' ann an 1769 (dà bhliadhna às dèidh foillseachadh an Tiomnaidh Nuaidh ann an Gàidhlig) a chaidh eaglais fhosgladh do Ghàidheil a' Bhaile Mhòir. Cha mhòr nach robh e làimh ris a' Chaisteal - agus tha plàc air Barraid Mhic Iain, fon Chaisteal, a-nis a' sealltainn far an robh e. B' e sin a' chiad eaglais Ghàidhealach air a' Ghalltachd. Bidh sinn a' dèanamh aithris air na tachartasan is eile a bh' aig muinntir Eaglais nam Manach Liath san ath earrann dhen iris seo.

Call na h-Iolaire

Bha seirbheisean agus tachartasan cuimhneachaidh ann air Latha na Bliadhn' Ùire airson call na h-Iolaire a chomharrachadh. Ghabh an t-Urr Aonghas Moireasdan seirbheis aig carragh-cuimhne na h-Iolaire, le Morair nan Eilean, am Prionnsa Teàrlach, agus Prìomh Mhinistear na h-Alba, Nicola Sturgeon, an làthair, agus bha sailm agus ùrnaighean ann an Gàidhlig agus Beurla ann.

Adhbhar Gàire

Latha bha seo, bha aig ministear astar mòr fada a shiubhal, tro mheallan-sneachda agus droch shìde, gus searmonachadh ann an eaglais bheag ann an cùl glinne. Ach nuair a ràinig e agus air dha dhol a-steach dhan eaglais, cha robh ann ach aon bhodach na shuidhe car faisg air a' chùl. Bha am ministear treiseag a' feitheamh, ach bha e coltach nach d' rinn duine sam bith eile an gnòthach air an t-side chàs ach am bodach seo. Co-dhiù, thug e dha an searmon air fad, a mhair deagh ghreis tha e coltach. Aig an deireadh, agus am ministear gus tòiseachadh air an t-slighe air ais, stad e gus faighneachd dhan bhodach dè mar a chòrd an searmon ris. Agus thuirt am bodach "nuair a tha mi falbh timcheall san t-side seo ri biathadh nan caorach, agus gun mi a' lorg ach an aona tè," ars am bodach, "gu dearbha fhèin chan eil mi toirt a' bhìdhe gu lèir dhan aon chaora!"

Bàrdachd

Ach dh'fhosgail tobar na slàint' dhomh
Anns an fhàsach bha tartmhor:
Bhuail e charraig is thàinig
Deoch rinn stàth dhomh air m' astar.
'S ann à tobar taigh Dhaibhidh
A thug do ghràs dhomh an-asgaidh,
Na riarach m' anam neo-bhàsmhor
'S a chaidh gu bràth cha bhì tart air.

Dh' fheuch thu aingidheachd mo chridhe dhomh,
Bha os ìosal am falach,
'S cha toireadh m' obraichean sìth dhomh,
Bha gach nì dhiubh cho salach:
Ach 's e uisgeachan Shiloh
Fuil na h-ìobairt thug barrachd;
'S ann an-siud tha 'n èifeachd
Chum mo chreuchdan a ghlanadh.

Ann am meadhan gach trioblaid
Nuair bhithinn sgith le mo thuras,
Fhuair mi deoch às an fhìor-uisg',
Chuir air dìochuimhn' iad uile:
Bhitheadh do gheallaidhean firinneach
Ro phriseil dhomh uile;
'S bhithinn a' cuimhneach' air an tìm
Anns nach bì mì-ghean no mulad.

- Bho "Tobar nan uisgeachan beò", le Pàdrùig Grannd, Pàdrùig Mòr nan Òran (1783 - 1867)

Ùrnaigh

A Thighearna a chruthaich sinn,
agus a chruthaich gach nì a chì sinn ann an nàdar,
na h-uillt a' sruthadh, na lusan a' fàs,
agus lùths na beatha a' tilleadh dhan talamh às dèidh
na dùdlachd gheamhraidh;
tha sinn a' guidhe ort gun toir thu beannachadh oirn,
gum biodh do ghràs agus do ghràdh a' sruthadh
tromhainn, mar fhìor-uisge.
Tha sinn a' guidhe ort gum biodh sìol Do shoisgeil
a' sìor-fhàs taobh a-staigh dhinn,
agus toradh an Spioraid gar beathachadh gach
lath' nar beatha.
Amen.